

Cuspair Clàir-ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/08/24

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 29 Cèitean 2024

Tìotal Aithisge: Tagh Ceannardas – Prògram Ceannardais Gàidhlig

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg seo a' toirt fiosrachadh do bhuill:

- mun phrògram 'Tagh Ceannardas' do sgoilearan àrd-sgoile Gàidhlig sa Ghàidhealtachd; agus
- mu na prìomh iomairtean aig High Life na Gàidhealtachd (HLG) a tha a' toirt taic do dhaoine òga ann am Foghlam tron Ghàidhlig (FtG).

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- beachdachadh air an aithisg agus toirt fa-near dhan aithisg.

3. Buaidhean

3.1 Goireas

Tha na buaidhean goireis taobh a-staigh a' phrìomh shruth buidseit làithreach a tha a' gabhail a-steach Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, Taic Freumhan Coimhearsnachd (Bòrd na Gàidhlig) agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig)

3.2 Laghail

Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)

Tha an aithisg a' gèilleadh ri poileasaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd mu cho-ionannachd.

- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach
Shiubhail sgoilearan àrd-sgoile FtG bho sgìre an Eilein Sgitheanaich agus Loch Aillse chun a' chùrsa Tagh Ceannardas ann an Inbhir Narann ann am bus beag, mar sin a' lùghdachadh feum air grunn chàraichean a bhith a' siubhal.
- 3.5 Cunnart
Ma bhios maoinachadh air a lùghdachadh airson phròiseactan leasachaidh Gàidhlig, bidh cunnart ann nach tèid tachartasan a chur air dòigh san àm ri teachd do dhaoine òga le Gàidhlig.
- 3.6 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine)
Bha modhan measadh cunnairt air dòigh airson an tachartais.
- 3.7 Gàidhlig
Tha an cùrsa Gàidhlig Tagh Ceannardas, a tha air a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le HLG na phrìomh thoradh taobh a-staigh a' Phlana Ghàidhlig a th' ann an-dràsta. Tha am pròiseact cudromach a thaobh a bhith a' toirt taic do chànan na Gàidhlig sa choimhearsnachd airson òigridh aois àrd-sgoile Gàidhlig agus tha e na dheagh eisimpleir air obair leasachaidh òigridh Gàidhlig.

4. Foir-shealladh mu Phròiseact Tagh Ceannardas

- 4.1 Tha Prògram Ceannardais HLG a' tabhann measgachadh de dhùisean agus trèanadh iomchaidh, a' gabhail a-steach a' phrògram Tagh Ceannardas aig HLG (SCQF 4 & 5). Tha am prògram a' cuideachadh gus eòlasan air ceannardas a leasachadh, an dà chuid san sgoil agus sa choimhearsnachd, a' toirt seachad sgilean agus eòlasan luachmhor airson foghlam adhartach agus dreuchdan. Bidh meantor a' toirt taic dhan neach òg gus brath a ghabhail air cothroman ceannardais a chuireas rin cuid leasachaidh mar Cheannard Òg. Tha am Prògram Ceannardais fosgailte do dhaoine òga aois 12–25, agus ged a tha iad air an daingneachadh le ceannardas ann an spòrs agus obair òigridh, faodaidh daoine òga a tha a' dèanamh obair shaor-thoileach ann an clubaichean, sgoiltean is coimhearsnachdan an cleachdadh cuideachd. Thathar a' brosnachadh bhuill uile clàradh leis na [Duaisean Saltire](#) aig a bheil cliù nàiseanta agus a tha air an dealbh gus aithne fhoirmeil a thoirt dhan dealas agus dhan tabhartas a tha daoine òga a' toirt seachad tro bhith ag obair gu saor-thoileach. Tha 50 sgoilear òg Gàidhlig air teisteanas fhaighinn, an dàrna cuid aig Ìre 4 no 5, air na cùrsaichean ceannardais spòrs Gàidhlig.
- 4.2 Chaidh goireasan Tagh Ceannardas UK aig HLG eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig agus chaidh an toirt do luchd-obrach HLG airson na duaisean àraid ceannardais a libhrigeadh do sgoilearan àrd-sgoile FtG. Ann an 2016/17, chuir Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd, ann an com-pàirteachas le HLG, iarrtas gu Bòrd na Gàidhlig airson maoinachadh tro Mhaoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) airson barrachd maoinachaidh a ghleidheadh gus am biodh e comasach am prògram a thabhann do sgoilearan FtG ann an àrd-sgoiltean na Gàidhealtachd.

5. Leasachadh Prògram Spòrs Gàidhlig Tagh Ceannardas

- 5.1 Chaidh a' chiad phròiseact Tagh Ceannardas Gàidhlig a libhrigeadh san Dàmhair 2016 mar chùrsa còmhnaidheach còig latha. Bha ochdnar dhaoine òga an làthair agus airson dèanamh cinnteach gun robh iad air am bogadh sa Ghàidhlig tron tachartas, chaidh a chumail ann an Sabhal Mòr Ostaig – a' cholaiste Ghàidhlig ann an Slèite. B' e am pròiseact ceannardais Spòrs Gàidhlig a' chiad phròiseact dhen t-seòrsa seo agus

b' e HLG a' chiad bhuidheann a libhrig na cùrsaichean Ceannard Spòrs UK tro mheadhan na Gàidhlig. Tha am pròiseact Ceannardas Spòrs Gàidhlig gu ruige seo air trèanadh a thoirt do ghrunn dhaoine òga FtG aig Ìre 4 dhen phrògram agus 12 aig Ìre 5 dhen phrògram.

5.2 Dh'eadar-theangaich prìomh oifigear eadar-theangachaidh Sgioba na Gàidhlig leabhraichean-obrach oileanaich Tagh Ceannardas – Duaisean SCQF Ìre 4 & 5 gus am b' urrainn do sgoilearan FtG na stuthan a chleachdadh sa Ghàidhlig.

6. Iomairtean Làithreach a Thathar a' Libhrigeadh ann an Com-pàirteachas le HLG gus Taic a Thoirt do Sgoilearan FtG

6.1 Leanaidh Sgioba na Gàidhlig air adhart ag obair ann an com-pàirteachas le HLG gus maoinachadh a ghleidheadh agus na cùrsaichean Tagh Ceannardas a libhrigeadh. Bheir seo cothrom do na ceannardan òga leantainn air adhart a' libhrigeadh nan gnìomhan tro mheadhan na Gàidhlig. Bheir seo meudachadh is taic do ghnìomhan spòrs far a bheil solar FtG ri fhaotainn ann an coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd. Chaidh an cùrsa mu dheireadh a libhrigeadh sa Ghiblean 2024 ann an Inbhir Narann agus gheibhear ceangal gu post air na meadhanan sòisealta an seo: <https://www.facebook.com/highlandcouncil/posts/852290256938299>

6.2 Ann an com-pàirteachas le HLG, leasaichidh Sgioba na Gàidhlig gnìomhan taobh a-muigh a' churraicealaim tro mheadhan na Gàidhlig ann am prògram samhraidh HLG, mar sin a' tabhann cothrom do sgoilearan FtG barrachd Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh na sgoile. San Iuchar 2023, chaidh Fèis Spòrs Gàidhlig a chur air dòigh aig Àrd-Sgoil Phort Rìgh do sgoilearan FtG, agus chaidh an tachartas a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le HLG.

6.3 Leanaidh sinn air adhart a' toirt taic do sgoilearan FtG a tha a' gluasad eadar bun-sgoil agus àrd-sgoil. Gus an toradh seo a choileanadh cuiridh Sgioba na Gàidhlig, ann an co-bhann le HLG agus luchd-obrach foghlam Gàidhlig, air dòigh prògram de chleasan Gàidhlig ann an sgoiltean is coimhearsnachdan far a bheil sgoiltean Gàidhlig is sgoiltean le roinnean Gàidhlig. Thèid taic a thoirt do sgoilearan àrd-sgoile Gàidhlig gus na gnìomhan a stiùireadh às dèidh na sgoile agus tro phrògraman Càisge is samhraidh. Chuir Sgioba na Gàidhlig air dòigh Club Spòrs Gàidhlig gach seachdain do sgoilearan a' frithealadh Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar. Chaidh sgoilear àrd-sgoile FtG, a bha air an cùrsa Ceannardas Spòrs Gàidhlig a chrìochnachadh, fhadhadh mar cheannard spòrs Gàidhlig.

Ainmeachadh:

Ceann-latha:

Ùghdaran: Shona NicPhàdraig, Oifigear Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd agus Ealasaid NicDhòmhnaill, Oifigear Leasachaidh Prògram Ceannardais High Life na Gàidhealtachd

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: